

22 An Lùnastal 2017

A Phàrant/Neach-cùraim uasail

### **Clas-àraich Tollbrae Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath**

San Ògmhios 2016, dh'fhoillsich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh litir mu sgoil-àraich an leanaibh agaibh. Chuir an litir an cèill grunnan raointean leasachaidh a dh'aontaich sinn leis a' cheannard agus le Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath. O chionn ghoirid, mar a dh'fhaodadh gu bheil fios agaibh, thadhail mi air an sgoil-àraich a-rithist. Rè mo thurais, bhruidhinn mi ris a' chloinn agus dh'obraich mi gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach. Chuala mi bhon cheannard agus bho luchd-obrach eile mar a tha an sgoil-àraich air ceumannan a ghabhail a thaobh leasachadh a dhèanamh. Sheall mi ri raointean sònraichte a chaidh an comharrachadh san sgrùdadh a chaidh a dhèanamh o thùs. Mar thoradh air sin, bha e comasach dhomh faighinn a-mach mun adhartas a tha an sgoil-àraich air a dhèanamh agus an ìre gu bheil seo a' toirt taic do dh'ionnsachadh agus coileanaidhean na cloinne. Tha an litir seo a' cur an cèill na fhuair mi a-mach. Rinn Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim sgrùdadh air an sgoil-àraich aig an aon àm agus chithear an aithisg sin aig. [www.careinspectorate.com](http://www.careinspectorate.com).

### **Leasaich gach taobh den t-solair san sgoil-àraich.**

Mhothaich mi do leasachaidhean sa chlas-àraich an dà chuid tro mheadhan na Beurla agus na Gàidhlig. Tha an ceannard a' toirt stiùir shoilleir ann a bhith a' stiùireadh atharrachadh. Tha modhan-obrach nas fheàrr a-nis ann an àite gus sùil a chumail air obair na sgoil-àraich, aig a bheil an comas leantainn air adhart gus tuilleadh leasachaidhean. Tha an ceannard air obrachadh gu math le luchd-obrach ann a bhith a' cleachdadh an stiùireadh nàiseanta, *Togail Miann Adhartais*. Ri linn seo, tha fèin-fhiosrachaidhean na cloinne nas fheàrr. Tha luchd-obrach air tòiseachadh a' dol an sàs leis a' chomhairle nàiseanta a thaobh Foghlam Gàidhlig. Tha iad ag aithneachadh gu bheil seo a' comharrachadh dhòighean cudromach gus an clas-àraich a neartachadh a thaobh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Feumaidh an ceannard lèirmheas a dhèanamh air dreuchdan agus uallaichidhean luchd-obrach gus am bi gach neach fa leth mothachail air an dòigh anns an urrainn dhaibh – fa leth agus mar sgioba - leasachadh leantainneach a thoirt air adhart sa chlas-àraich. Tha luchd-obrach a' cur luach air an taic agus a' chomhairle a bhios iad a' faighinn bho cho-obraichean a bhios a' co-roinn cleachdadh èifeachdach. Dh'innis iad dhomh mar a bha seo air adhbharachadh iad a bhith a' stiùireadh leasachaidhean.

Ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus tro mheadhan na Beurla, tha a' chlann a-nise nas trainge agus tha e follaiseach gu bheil am fèin-fhiosrachaidhean a' còrdadh riutha. Tha barrachd ùine agus rùm aca airson am beachdan a thoirt air adhart. Bhathar a' faicinn na cloinne a' cluich gu neo-eisimeileach agus le caraidean. Tha iad a' faighinn air adhart gu math còmhla agus tha spèis aca dha cach a chèile agus dha na h-inbhich a tha ag obair còmhla riutha. Tha a' chlann gan cur fhèin an cèill nas fheàrr tro chluich. Tha an sgoil a' clàradh seo gu math a' cleachdadh nam meadhanan sòisealta. Tha cothrom ann fhathast an t-ionnsachadh a bhith nas dùbhланаich. Gus seo a choileanadh, feumaidh an luchd-obrach leantainn orra ag eadar-obrachadh leis a' chloinn ann an dòighean a tha a' toirt an ionnsachadh agus an leasachadh air adhart. Ged a tha an ceannard air coimhead ris an dòigh a thathar a' cleachdadh luchd-obrach a bhruidhneas a' Ghàidhlig, chan eil an clas-àraich fhathast a' tabhann gu leòr de dh'ionnsachadh na cloinne tro mheadhan na Gàidhlig.

Thòisich an ceannard a' tracadh adhartas na cloinne ann an litearras, àireamhachd agus slàinte agus sunnd tron dà mheadhan ionnsachaidh. Airson seo, tha i air a bhith a' cleachdadh stuthan nàiseanta leithid nan comharran airson sunnd. Tha i cuideachd air slighean leasachaidh a stèidheachadh airson litearras agus Gàidhlig. Tha a' chlann a' leantainn orra le 'sgeulachdan ionnsachaidh' a tha a' nochdadh fianais air an adhartas ann an ionnsachadh. Bu chòir don luchd-obrach leantainn orra a' cleachdadh an fhiosrachaidh seo mu adhartas gus a bhith a' planadh gu h-èifeachdach dè an ath rud a bu chòir do chlann a bhith ag ionnsachadh. Bha sgrùdaidhean san t-seòmar-cluiche tro mheadhan na Beurla a' nochdadh gu bheil a' chlann a' dèanamh deagh adhartas ann an litearras agus Beurla agus àireamhachd. Tha a' chlann san t-seòmar-cluiche tro mheadhan na Gàidhlig a' dèanamh deagh thuigse air a' Ghàidhlig a thathar a' cleachdadh leotha ann an cuid de thachartasan, mar eisimpleir, aig àm fàilteachaidh. Aig amannan mar seo, tha iad a' tuigsinn conaltradh leantainneach agus bidh iad cuideachd a' cleachdadh cuid de fhacail agus de dh'abairtean Gàidhlig. An uair a bhios clann a' cluich gu neo-eisimeileach, agus an uair a thèid am brosnachadh, cleachdaidh iad facail Gàidhlig. Seach nach eil an luchd-obrach a' cleachdadh na Gàidhlig ach ann am beagan de fhèin-fhiosrachaidhean na cloinne tha seo a' cur bacadh air adhartas na cloinne. Feumaidh an luchd-obrach barrachd Gàidhlig a chleachdadh le clann aig na h-amannan a tha iad a' stiùireadh an cluich fhèin. San dà clas-àraich, feumaidh barrachd chothroman a bhith aig a' chloinn air teacsaichean agus a bhith ag èisteachd ri sgeulachdan. San fharsaingeachd, feumaidh a' chlann a bhith a' leasachadh an sgilean litearra agus àireamhachd sa h-uile co-theacsa cluich.

### **Leantainn air adhart a' leasachadh a' churraicealaim gus dèanamh cinnteach gu bheil clann a' mealtainn fèin-fhiosrachadh farsaing agus iomchaidh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil adhartas air a dhèanamh sa h-uile raon.**

Tha an luchd-obrach air misneachd fhaighinn ann a bhith a' cleachdadh fèin-fhiosrachaidhean agus builean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais. A' dol air adhart, bu chòir dhaibh leantainn orra a' planadh airson adhartas thar nan raointean curraicealaim air fad. Tha a' chlann a' leantainn orra le ùidh nan cluiche a-muigh anns a bheil iad a' toirt air adhart feòrachas agus ceasnachadh. Tha pàrantan agus com-pàirtichean a' cur ri ionnsachadh na cloinne tro bhith a' co-roinn an sgilean agus an tàlant. Bu chòir don luchd-obrach a-nis togail air an eòlas a tha aca air an

com-pàirtichean agus na buidhnean Gàidhlig a tha comasach air taic a thoirt dhaibh ann a bhith a' leasachadh taobhan den churraicealam tro mheadhan na Gàidhlig. Aig bun-ìrean de dh'ionnsachadh na cloinne tha fòcas air Alba mar fheart cudromach den churraicealam. Mar phàirt den phròiseact 'Oor Toon' rinn a' chlann rannsachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an Àrd-Ruigh`. Tha seo ri mholadh oir tha e a' togail tuigse na cloinne air fad san sgoil air a' Ghàidhlig. Tha eadar-ghluasadan a thaobh foghlam tro mheadhan na Beurla a' dol gu math. Bu chòir don luchd-obrach aire a thoirt do na ceanglaichean a tha aca leis a' chròileagan Ghàidhlig gus am bi na pàrantan mothachail air na cothroman a tha ann a thaobh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig thar nan ìrean.

### **Dè thachras a-nis?**

Tha an sgoil-àraich air deagh adhartas a dhèanamh ann an cuid de raointean on chaidh an sgrùdadh a dhèanamh o thùs ann a bhith a' leasachadh an t-solair tro mheadhan na Gàidhlig agus tro mheadhan na Beurla. Bidh sinn a' conaltradh ri Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath mu na planaichean a tha aca tuilleadh leudachaidh a dhèanamh air an ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig. Tillidh sinn ann an ceann bliadhna gus tuilleadh sgrùdadh a dhèanamh air an sgoil-àraich. An uair a thilleas sinn, sgrìobhaidh sinn thugaibh mar phàrantan gus innse dhuibh mun adhartas a tha an sgoil-àraich air a dhèanamh.

Joan C Esson  
Neach-sgrùdaidh na Banrigh

Ma tha sibh airson na litreach seo fhaighinn ann an cruth eadar-dhealaichte, mar eisimpleir, eadar-theangachadh dhi, cuiribh fios chun sgioba rianachd air an àireamh fòn gu h-àrd.

Ma tha sibh airson fiosrachadh a thoirt dhuinn no gearan a thogail mun obair againn, fònaibh thugainn air 0131 244 4330, no cuiribh post-dealain gu: [complaints@educationscotland.gsi.gov.uk](mailto:complaints@educationscotland.gsi.gov.uk). no sgrìobhaibh thugainn chun an t-seòladh a leanas: Manaidsear Ghearain, Taigh Denholm, Pàirc Ghnìomhachais Almondvale, Slighe Almondvale, Baile Lèibhinn EH54 6GA.